

The Free Presbyterian Magazine

An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na fìrinn Salm 60:4

SAMHRADH 2017

Bàs a' Chrìosdaidh

Fhuair Daibhidh gealladh on Tì as Àirde, “cha leig Thu fòs dod sheircean naomh gum faic e truaillidheachd” (Salm 16:10). ‘S e gealladh prìseil gu mòr a tha ann an seo. Bha an Tighearna ag innse dha gum biodh Esan maille ris eadhon a dh’ionnsaigh Iòrdain a’ bhàis agus a’ dol tro Iòrdan a’ bhàis. Agus air an taobh thall de dh’Iòrdan a’ bhais gun sealladh E dha “slighe na beatha.” Fhuair Iàcob a leithid de ghealladh mar an ceudna nuair a thuir an Tighearna ris gum biodh E còmhla ris a’ dol a-sìos gu tìr na h-Èipheit, “Thèid mise maille riut sìos don Èipheit, agus bheir mi mar an ceudna gu cinnteach a-nìos thu a-ris: agus cuiridh Iòseph a làmh air do shùilean”(Gen 46:4). Ged ‘s e nì uabhasach a bh’ anns a’ bhàs fhèin – an nàmhaid

deireannach fan comhair, “rìgh nan uamhann” - cha robh adhbhar-eagail aca, oir is beannaichte an fheadhainn “a gheibh bàs anns an Tighearna.” Agus chan eil teagamh idir gum b’ ann mar sin a bha e dhaibhsan nuair a bhàsaich iad.

Ciod e a tha a’ toirt tèarainteachd don Chrìosdaidh aig àm bàis? Gu dè ach gun do bhàsaich Crìosd na àite is gun tug E buaidh thairis air a’ bhàs na aiseirigh o na mairbh? Tha an Crìosdaidh aonaichte ris an t-Slànaighear tro chreideamh agus, leis a sin, tha e aonaichte Ris na bhàs is na aiseirigh (Eòin 11:25). B’ e Crìosd “an seircean naomh” nach fhaca truailidheachd agus Annsan chan fhaic a phoball-san truailidheachd nas motha.

A bheil e comasach, ma-tà, don Chrìosdaidh a bhith air a sgaradh o Chrìosd le cumhachd an nàmhaid dheireannaich? Nar leigeadh Dia, mar a thuirt an t-Abstol Pòl, “Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs , no beatha ..., no creutair sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhè a tha ann an Ìosa Crìosd ar Tighearna’ (Ròm 8:38-9).

Tha sinn a’ cluinntinn mòran an-dràsda mu dheidhinn daoine a bha ag aideachadh a’ cur às dhaibh fhèin is feadhainn a’ dèanamh dheth gu bheil dòchas fhathasd ann air an son. Ged nach urrainn dhuinn ag ràdh le dearbh-chinnt dè thig eadar an anam agus an Cruithear sna mionaidean mu dheireadh air an talamh, tha e gu math follaiseach o fhocal

Dhè nach deach duine sam bith den fheadhainn a tha air an ainmeachadh sna sgrìobtaran a rinn am peacadh uabhasach ud gu glòir. Bha Iùdas a' searmonachadh an fhocail cho deas-bhriathrach ris a' chòrr ach chaidh esan don an àite aige fhèin.

Ach dhaibhsan air a bheil fìor eagal Dhè, seasaidh an gealladh seo:

A chnàmhan uile coimhdidh E,
Chan eil a h-aon dhiubh brist';
Ach marbhaidh olc an duine daoibh,
Is claidhear e gun cheist.

(Salm 34:20-21)

Stoc Marbhtach Adhaimh *le Tòmas Boston*

Tha an stoc marbhtach seo a' toirt a-steach bàis do na geugaibh a th' air. Ghabh Adhamh an cupan-puinnsein agus dh'òl e mach e! Thug seo bàs air fèin agus oirne. Thàinig sinn don t-saoghal marbh gu spioradail; leis a sin buailteach do bhàs sìorraidh agus da-rìribh buailteach do bhàs aimsireil. Tha am freumh seo dhuinne cosmhail ri abhainn *Scitia*, mum bheil iad ag innse dhuinn, gu bheil i gach latha a' cur a-mach aotroman beaga, às a bheil a' teachd gnè àraid de chuileagan

a tha air an gineamhainn sa mhadainn, sgiathan orra mu mheadhan-latha, agus marbh san oidhche: coimeas a tha glè chosmhail ri ar staid bhàsmhor-ne.

Nis, a dhaoine, nach eil e ro iomchaidh gum biomaid air ar briseadh o ar stoc nàdarra seo? Ciod am feum a tha nar duilleagan maiseach aidmheil, no nar toradh de dhlestanais, ma tha sinn fhathast nar geugan den stoc chrìonach, mharbh agus mharbhtach seo? Ach, mo thruaighe! Am measg nan iomadh ceist a tha dol mun cuairt nar measg, is tearc iad aig a bheil na ceistean seo: A bheil mi air mo shuidheachadh ann an Crìosd? No nach eil? Och ciod uime an caitheamh seo uile? Carson a tha na h-uiread de thoirm mu dhiadhachd am measg mhòran, nach urrainn cunntas a thabhairt an do shuidhich iad air deagh stèidh, air dhaibh a bhith nam fìor choigrich do dhiadhachd-chridhe? Tha eagal orm, mura dèan Dia ann an tròcair, diadhachd mòran nar measg a chur bun-os-ceann ann an tràth, agus mura nochd E dhuinn nach eil diadhachd idir againn, gum faighear ar freumh na bhreothadh agus ar blàth a' dol an sàs mar dhuslach aig uair bàis. Uime sin, amhairceamaid ri ar staid, a chum nach bi sinn air ar faotainn nar n-amadain aig a' crìch dheireannaich.

Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)

Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaird ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal” (Galatianaich 6:14).

Bha a bhreith air thalamh ann an staid dhìblidh ach bha E air a luaidh le Aleluia feachd nèamh ann an àirde nan speur. Bha 'aite-còmhnaidh ro-shuarach ach bha aoghean o dhùthchaibh cèin air an stiùireadh le reul ga ionnsaigh. Cha robh prionnsa eile riamh a dh'ionnsaigh an robh aoghean air an treòrachadh air an dòigh ud. Cha robh luchd-frithealaidh cho mòrchuiseach aige 's a bh' aig rìghrean eile, ach bha àireamh lìonmhor de dhaoine euslainteach ga leantainn, ag iarraidh agus a' faotainn leigheis cuirp agus anama; nì anns an robh barrachd de dh'fhìor mhòralachd na ged a bhiodh mòran phrionnsachan a' frithealadh air.

Thug E air na balbhain a bha ga leantainn a bhith a' seinn a chliù, na bacaich gu bhith a' leum le aoibhneas, na bodhair gu bhith a' cluinntinn a bhriathran iongantach, agus na doill gu bhith a' faicinn a ghlòir. Cha robh freiceadan no còisridh ghreadhnach de sheirbheisich aige ach, mar a dh'aidich an Ceannard-ceud aig an robh seirbheisich agus saighdearan fo smachd, bha slàinte agus euslaint, beatha agus bàs fo ùghdarras. Bha eadhon a' ghaoth agus an doineann nach urrainnear a riaghladh le cumhachd talmhaidh umhail dha; agus air 'iarrtas, b' èiginn don bhàs agus don uaigh an creich a thoirt suas dha. Cha robh brat-ùrlair rìomhach riamh fo

'chosan ach nuair a choisich E air an fhairge, chùm na h-uisgeachan suas E.

Chuir an t-iomlan den Chruitheachd, ach daoine peacach a-mhàin, onair air mar an Cruithear. Cha robh ionmhas aige ach nuair a bha feum aige air airgead, chuir a' mhuir ga ionnsaigh E ann am beul-èisg. Cha robh saibhlean no achaidhean-arbhair aige ach nuair a rùnaich E cuirm a thoirt seachad, chòmhdaich E le beagan bhuileannan bòrd saobhir pàilt airson mhùltean – cuirm nach tugadh riamh a leithid le aon de rìghrean na talmhainn. Tro na nithibh ud, agus iomadh nì eile mar an ceudna, bha glòir an Fhir-Shaoraidh a' deàlradh a-mach eadhon na irioslachd anns gach ceum fa leth de bheatha.

Ni motha bha 'ghlòir tur-fhalaichte aig àm a bhàis. Cha robh E air a leantainn a chum na h-uaigh' le leithid de chòisir-bhròin, no de loiseam faoin le bheil àrd-uaislean air an adhlacadh. Ach thaisbein tuar na Cruitheachd a bròn airson bàs a h-ùghdair; bha na nèamhan agus an talamh nan luchd-caoidh; chòmhdaich a' ghrian i fhèin le èideadh-bròin agus ged nach robh luchd-àiteachaidh na talmhainn air am mòr-ghluasad, chrìochnaich an talamh fhèin fon eallach eagalach.

Cha robh iad ach tearc am measg nan Iùdhach a reub an culaidhean ach cha robh na creagan air cho beag umhail, oir sgàin iadsan an cridheachan. Cha robh uaigh aige dha fhèin ach dh'fhosgail uaigh neach eile dha. Dh'fhaodadh an uaigh

agus am bàs a bhith bòsdail às leth a leithid a dh'fhear-àiteachaidh, ach cha b' ann mar ìochdaran a fhuair iad an taobh a-staigh dan crìochan E ach mar nàmhaid agus mar uachdaran. Siud far an do chaill rìgh nan uabhas a gath; air an treas latha thug Prionnsa na beatha buaidh air, oir chreach E am bàs agus an uaigh. Ach buinidh na nithean seo do àrdachadh Chrìosd. Tha na nithibh a dh'ainmicheadh roimhe seo a' taisbeanadh glòir 'irioslachaidh ach is ro bheag dhiubh a th' air an nochdadh anns na dh'ainmich sinn.

Chan eil nì air bith a' cumail dhaoine aingidh a-mach à ifrinn aon mhionaid, ach saor-thoil Dhè.

Ionatan Eduards

Cumha air na Fiùghalaich nach Maireann

air a leantainn on earrainn mu dheireadh

Ach 's mòr mo dhùil, gu bheil coslas diombaidh,

Aig Rìgh nan dùil rinn, an-diugh mar shluagh,

An fheadhainn fheumail, bha measg na treuda,

Thoirt gu ceann an rèise, 's an cath cho cruaidh.

Tha nis deich bliadhna, on thogadh fianais,
An aghaidh riaghlaidh, a bha cho truagh,
Ag iarraidh 'm Biobaill, a bhith gun bhrìgh aca,
Ach laghan millteach, gu sgrios an t-sluaigh.

'S e tha mi 'g iarraidh, a bhith moladh Chrìosda,
Nach d' fhàg an Fhianais, E-fhèin san uair,
'S gun do thog E fiuaran, nach dèanadh lùbadh,
Tha cuid san ùir dhiubh an-diugh, mo thruaigh'.

Nach iarr sibh tròcair air Rìgh na glòire,
'S gun tuit an còta ud air òigridh thruagh,
Lem feàrr bhith spòrsa, sna taighean-òsta,
Is iad gun deò aca, mun anama truagh.

'S e an cùmhachd mòr, a thug cach a beò:

On làith' n brònach, sna thuit an sluagh,
A dhèanamh feumail iad, anns an dreuchd ud,
Gu Crìosd ceusda, a chur fa chomhair an t-sluaigh.
Nan deigheadh iad fhèin a dhèanamh feumach,
Gu fuil na rèite a chur ann an luach,
Bhitheadh sin gu leòr, gu 'n dèanamh deònach,
An naidheachd mhòr ud, a bhith ga luaidh.

On uair a chuala i, leis na buachaillean,
Is iomadh truaghan thug i gu cìs,
Is chuir i suaicheantas orra on uair sin,
A thog a-suas iad gu teaghlaich Rìgh.

Tha gealladh fialaidh, nam biomaid ga iarraidh,
Luchd-obair diadhaidh, dhan fhoghar mhòr,
Gun èireadh iarmad a bhitheadh nan reultan,
'S nach bitheadh de chianalas oirnne cho mòr.

Tha 'n eaglais dhìblidh, tha an-diugh fo dhìmeas,

Ach sheas an fhìrinn san là dhorch',

Tha beagan innte, fhuair gealladh prìseil,

O Thì na firinn, 's cha diobair ainm.

Gun èireadh mìltean air taobh na firinn,

A chogadh dìleas, fo bhratach Chrìosd,

'S a sheasamh dìreach, airson lagh a' Bhìobail,

A' cur an t-sìle, a bh' aig na cinn a dh' fhalbh.